

18 An t-Ògmhios 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir,

Sa Ghearran 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Clas-àraich Gheàrrloch. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad a' beantainn ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

- Tha an ceannard an gnìomh a' suidheachadh deagh stiùir airson na sgoile. Tha i ag obair gu cruaidh agus dealasach a thaobh a bhith a' coileanadh bhuilean shoirbheachail. Tha i a' leasachadh na dòigh sa bheilear a' cleachdadh fiosrachadh bho mheasadh gus cuimseachadh air an dòigh as urrainn do chlann a bhith a' dèanamh adhartas nas fheàrr ann an litearrachd agus àireamhachd.
- Tha a' chlann àrd-bhrosnaichte agus dèidheil air a bhith a' dèanamh an adhartais as fheàrr as urrainn dhaibh. Tha iad cunntasach, earbsach agus daingeann san dòigh sam bi iad a' coileanadh an gnìomhan ionnsachaidh. Tha an fheadhainn a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig moiteil mun dòigh sa bheil am fileantachd a' tighinn air adhart.
- Tha dàimhean deimhinneach agus càirdeil eadar a' chlann agus an luchd-obrach. Tha an obair san robh an luchd-obrach an sàs o chionn ghoirid a thaobh sunnd a' tòiseachadh a bhith a' cuideachadh na cloinne gu bhith a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a thaobh a bhith soirbheachail.
- San dà chlas-àraich, tha a' chlann a' faighinn buannachd bho bhith a' faighinn cothroman inntinneach agus brosnachail airson a bhith ag ionnsachadh tro chluich. Tha cudrom air a chur air a bhith a' cleachdadh fèin-fhiosrachaidhean fìora. Tha e follaiseach gu bheil an t-àm a tha iad sa chlas-àraich a' còrdadh ris a' chloinn agus gu bheil iad a' faighinn buannachd às.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha iad a' beantainn ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

- Dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad a' co-obrachadh gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air Bun-sgoil Gheàrrloch. Bu chòir dhan seo a bhith air a stèidheachadh air ullachaidhean airson fèin-luachadh gus taic a thoirt ann a bhith a' coileanadh astar atharrachaidh nas luaithe.
- Leantainn air adhart a' leasachadh ionnsachadh, teagasg agus measadh. Feumar a bhith gnìomhach a thaobh a bhith a' dèanamh ionnsachadh nas dùbhланаich agus stèidhichte air feumalachdan chloinne fa leth. Bhiodh e na bhuannachd don luchd-obrach nam biodh iad a' faighinn comhairle na bu thrice mun dòigh anns am b' urrainn dhan teagasg aca a bhith ag àrdachadh buileachadh. Feumaidh clann a

bhith nas mothachail air an adhartas aca fhèin agus air na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh, agus bu chòir dhan luchd-obrach a bhith gu cùramach ag ullachadh measadh air a shon.

- Leantainn air adhart ag obair le pàrantan, agus com-pàirtichean agus buidhnean Gàidhlig, gus cothromas a leasachadh don chloinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG). Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach gum biodh na h-uairean sa chlas-àraich air fad air an libhrigeadh tro làn bhogadh. Bu chòir do lèirsinn, luachan agus amasan na sgoile a bhith a' mìneachadh agus ag adhartachadh tuigsinn air mar a tha FMG agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) bunaiteach don Churraicealam airson Sàr-mhathais.
- Tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a' churraicealam gus am bi e comasach don chloinn togail gu h-ìomchaidh air an eòlas, sgilean agus tuigse mar a bhios iad a' gluasad air adhart tron sgoil. Feumaidh na ro-innleachdan a tha air an cleachdadh airson leughadh agus sgrìobhadh a leasachadh, a bhith air am fighe a-steach dhan churraicealam gus dèanamh cinnteach à builean nas fheàrr gu cunbhalach.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan foghlaim agus luchd-sgrùdaidh breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Gheàrrloch

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson a' chlas-àraich	Luachadh
Stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' daingneachadh adhartas na cloinne	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, ainmichte mar Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
<https://education.gov.scot/inspection-reports/highland/5153425>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an sgoil a' tighinn air adhart. Mar thoradh air na h-ullachaidhean eadar-amail a tha ann an àite a thaobh ceannardas na sgoile, iarraidh sinn air Comhairle na Gàidhealtachd aithisg ullachadh mu adhartas na sgoile a thaobh nan raointean a tha aontaichte airson an leasachadh. Feumar seo taobh a-staigh bliadhna on thèid an litir seo fhoillseachadh. Cleachdaidh sinn an aithisg adhartais gus a thighinn gu co-dhùnadh am bi feum ann air tuilleadh dol an sàs leis an sgoil. Dh'fhaodadh gum biodh seo a' gabhail a-steach turas sgrùdaidh eile. Sgrìobhaidh Comhairle na Gàidhealtachd thugaibh a-rithist a' toirt mion-fhiosrachadh mu na leasachaidhean a tha an sgoil air a dhèanamh. Mìnichidh seo gnìomhan sam bith eile a tha sinn am beachd a dhèanamh, mar a thèid aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd.

Joan Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh